

faileas

Fèisean nan Gàidheal's Newsletter • Iris 47 • An t-Ògmhios 2013 • June 2013

BLAS 2013 PROGRAMME LAUNCHED



Tha roghainn is taghadh air leth gu bhith aig luchd-leantainn fèis Blas 2013. Chaidh am prògram airson prìomh fhèis Ghàidhlig na Gàidhealtachd a sgaoileadh tràth san Ògmhios le clàr èibheasach de luchd-ciùil, seinneadairean agus cleasaichean.

Tòisichidh an fhèis air 6 Sultain, a' maireachdainn fad seachdain chun 14mh. Bidh còrr is 100 tachartas ann am Blas 2013 uile gu lèir, ann an diofar choimhearsnachdan air feadh na Gàidhealtachd agus ann an Earra-Ghàidheal airson a' chiad uair.

Am measg nan còmhlan cliùiteach a bhios a' nochdadh, bidh Capercaillie, a tha a' comharrachadh 30 bliadhna de shàr cheòl. Bidh Mànran agus Cruinn air an àrd-ùrlair còmhla ri seinneadairean agus luchd-ciùil leithid Seamus Begley agus Jim Murray.

Blas 2013, the premier event celebrating all that is good about Gaelic language and culture, will spoil Highland music lovers for choice. The packed programme of events, to take place between 6 and 14 September, will feature top performers and several new commissions.

Blas 2013 will feature well over 100 cultural events at a variety of venues across the Highlands and, for the first time, in Argyll. Featured artists will include top musical talent such as Capercaillie who are celebrating 30 years of excellence. Gaelic bands Mànran and Cruinn will meet up along the way with the likes of Seamus Begley and Jim Murray. Gaelic writers and literature will be well represented through a partnership with Comhairle nan Leabhraichean and the 40-year old annual Scottish-Irish literary event, Cuairt nam Bàrd, which will form part of the festival.

Two new commissions and a special event commemorating the centenary of the start of World War 1 with specific reference to shinty's place in the Highlands will be among the highlights.

The National Theatre of Scotland in partnership with Blas and the National Trust for Scotland will be present Eun Bheag Chanaidh - A Little Bird Blown off Course - created and performed by Fiona J MacKenzie and Musical Director, Donald Shaw. A new piece of music-theatre, celebrating the life and renowned Gaelic song collection of Margaret Fay Shaw, the production will open at the Culloden Battlefield Centre on September 6 and then tour the Highlands.

In a second commission, piper Calum MacCrimmon pays homage to his unique musical heritage with an exhilarating medley of original tunes and songs influenced by the ceòl mòr (classical bagpipe music) and canntaireachd traditions of Gaelic Scotland. Boraraig will unearth a series of themes and variation within the ancient and modern idioms of traditional West coast music.

Tickets for all events are available now through www.blas-festival.com with cheaper earlybird tickets available to those purchasing before 31 July. Follow Blas news on Twitter @blasfestival and on Facebook at facebook.com/blasfestival.

www.blas-festival.com

Ann an iris seo:

Blas 2013	1
New Creative Scotland CEO	1
Fèis Farr	2
Fèis Mhoireibh	2
Fèis Tir a' Mhurain	2
5 Latha 2013	3
Cèlidhean air Chuairt	3
Song Collecting Project	4
AGM and Conference 2013	4



NEW CREATIVE SCOTLAND BOSS TAKES UP POST



Tòisichidh Ceannard ùr aig Alba Chruthachail bho 1 Iuchar. B' i Janet Archer a rinn an gnothach ann an taghadh de faisg air 100 tagraiche a chuir a-staigh airson na dreuchd. Tha Fèisean nan Gàidheal a' cur fàilte air Janet agus sinn an dòchas gun soirbhich leatha na dreuchd ùr.

Janet Archer has been appointed as the new Chief Executive of Creative Scotland and will take up her post on 1 July 2013. Currently Director, Dance for Arts Council England, Janet was the unanimous choice of the Creative Scotland Board for a post which attracted almost 100 applications.

Fèisean nan Gàidheal welcomes Janet's appointment and wishes her the very best in her new role.

FÈIS FARR BIDS A FOND FAREWELL TO THE FORBES FAMILY



Fèis Farr is celebrating its 22nd successful year with over forty youngsters attending the last tuition evening of the school year in Farr Community Hall. Fèis Farr provides 6 of these workshop evenings per year offering children aged 8-18 the chance to learn a wide variety of traditional instruments at different levels of ability.

There were three special guests in attendance: Alasdair, Sheena and Heather Forbes, a family who have been heavily involved in the fèis since it first began in 1991. The Forbes family has recently passed the baton onto a new committee, chaired by Steve McDermott, who made a special presentation to the Forbes thanking them on behalf of the community for all their hard work.

Although Fèis Farr's programme is now over for this school year the committee is busy planning for next year. As well as the usual after-school activities there are plans to hold a concert in September in conjunction with the hugely successful Blas festival.

FÈIS TAIGH DHONNCHAI DH

Chaidh Fèis Taigh Dhonnchaidh a chumail bhon 8mh - 12mh latha den Ghiblean am-bliadhna le còrr is fichead clann an làthair, gus pàirt a ghabhail ann a bhith ag ionnsachadh diofar ionnsramaidean, ealain, seinn Gàidhlig, dannsa Gàidhealach agus dràma bho bheartais de luchd-teagaisg ionadail.

Air Disathairne chaidh consairt a chumail aig Tàlla MhicGuaraidh, agus chan e a' chlann a-mhàin a bha air an àrd-ùrlar ach an Ness Melodeon Band iad fhèin, a ghabh port no dhà a thug air a h-uile duine èirigh agus dannsa.

Bidh clasaichean leantainneach ann am bogsa-ciùil, melodeon, feadan, a' phìob mhòr, giotàr agus seinn Gàidhlig a' gabhail àite aig Taigh Dhonnchaidh tron t-seachdain – gheibh thu tuilleadh fiosrachaidh aig www.taighdhonnchaidh.com.

FÈIS GHÀIDHLIG GHLASCHU

Abair gur e seachdain air leth a bh' aig Fèis Ghàidhlig Ghlaschu aig toiseach a' Ghiblein! Chaidh an fhèis a chumail ann am Bun-sgòil Gràmar MhicÙisdein agus bha buidheann de luchd-teagaisg fìor mhath aca a-rithist am bliadhna. Bha clasaichean a' ruith ann an cuspairean a leithid an fhìdheall, bogsa-ciùil, clàrsach, seinn agus iomain. Ach bha cuspairean inntinneach is annasach ri fhaotainn cuideachd, nam measg zumba, bèicearachd, comadaidh is eile. Saoil dè bhios aca an ath bhliadhna?

FÈIS LATHARNA ENJOYS FURTHER GROWTH IN NUMBERS

Air a' chiad seachdain den Ghiblean, chaidh Fèis Latharna a chumail anns an Òban. Bha barrachd air 120 òganach an làthair agus chuir iad crìoch air cùisean le cèilidh mòr feasgar Dihaoine.

Fèis Latharna was held in Oban in April. There were over 120 youngsters taking part and the week ended with a well-attended cèilidh. The Fèis also held Cèilidh Trail auditions and have chosen 8 teenagers to take part in this year's tour. They have already held their first practice weekend and are looking forward to their Argyll tour plus a tour to Derry, Northern Ireland in July in conjunction with Coiste Forbartha Carn Tochar in Derry, funded by Colmcille and Bòrd na Gàidhlig.

FÈIS TÌR A' MHRUAIN

Tha 25 bliadhna ann bho thòisich Fèis Tìr a' Mhurain ann an Uibhist a Deas agus aig deireadh an luchair bidh iad a' comharrachadh na clach-mhìle seo ann an dòigh sònraichte.

Bidh an Fhèis fhèin ann an Sgoil Ùr Dhalabroig leis na clasaichean àbhaisteach ann an iomadh ionnsramaid agus cuspairean a tha a' buntainn ri dualchas na Gàidhealtachd. A bharrachd air seo, bidh consairtean agus cèilidhean ann bho fhìor thoiseach na seachdain a bhios a' taisbeanadh tàlant na Fèise, luchd-teagaisg agus clann.

Mar as àbhaist, bidh cùisean a' tòiseachadh le Rèis na Fèise air Latha na Sàbaid, 21mh An t-Iuchar, far am bi an luchd-teagaisg a' tighinn còmhla ro thoiseach na Fèise ann an suidheachadh air leth, neo-fhoirmeil còmhla ri clann, pàrantan agus daoine sa choimhearsnachd airson feasgar làn fealla-dhà agus dibhearsain.

Bidh beartas de dh'ionnsramaidean rin ionnsachadh fad na seachdain, nam measg bogsa-ciùil, clàrsach, drumaichean, feadan, fideag, fìdheall, giotàr agus meur-chlàr. Bidh cothrom aig a' chloinn òrain Ghàidhlig ionnsachadh agus na sgilean meadhanan aca a leasachadh cho math ri dràma, ealain agus iomain. Bidh luchd-teagaisg cliùiteach a' libhrigeadh nan clasaichean.

Gheibhear fiosrachadh air www.ceol-uibhist.co.uk anns an àm ri teachd mu chèilidh an luchd-teagaisg, cèilidh na cloinne agus tachartas gu math sònraichte a tha fhathast ga ullachadh a bhios a' comharrachadh ceann-bliadhna sònraichte na Fèise. Gheibhear cuideachd foirmichean-iarrtais airson na Fèise le fiosrachadh mu na clasaichean a bhios uile gan tabhann tro mheadhan na Gàidhlig.

Fèis Tìr a' Mhurain celebrate their 25th year this July with a week of classes, concerts and ceilidhs.

Watch www.ceol-uibhist.co.uk for more information about the events that will mark this significant milestone for the Fèis.

FÈIS LOCHABAIR

A wonderful week was had at Fèis Lochabair in April! Lots of classes were held in subjects from stepdancing to accordion and every participant had the opportunity to take part in groupwork. During the Fèis week, auditions were held for the Cèilidh Trail. They had 6 successful applicants who are now preparing and looking forward to touring in July!

SOIRBHEACHAS TACHARTAIS CÒMHNAIDH 5 LATHA 2013



Chaidh 5 Latha 2013 a chumail le Fèisean nan Gàidheal aig Na Gearrannan air Eilean Leòdhais eadar 8 agus 13 Giblean. Am-bliadhna bha fèill mhòr air an tachartas le 17 daoine òga a' gabhail pàirt agus mòran a bharrachd a' sireadh àite.

Am measg nan cur-seachadan a bha air an toirt seachad le muinntir na coimhearsnachd timcheall air Na Gearrannan agus taobh tuath Eilein Leòdhais bha an òigrìdh an-sàs ann an obair croitearachd, buain mòine, iasgach, còcaireachd agus a' Chlò Mhòr a bharrachd air a bhith ag ionnsachadh ceòl is òrain tron t-seachdain bhon luchd-ciùil ainmeil Iain MacPhàrlain agus Norrie MacIomhair.

Diardaoin 11 Giblean, chaidh cèilidh teaghaich a chumail ann an Seann Sgoil Shiaboist far an d' fhuair daoine sa choimhearsnachd cothrom èisteachd ris na bha na com-pàirtichean air ionnsachadh tron t-seachdain, a bharrachd air òrain is ceòl bho Graham Mac Ghil-Fhinnein, Ceitlin Nic a' Ghobhainn, Art MacCarraig, Calum Ailig MacMhaolain, Ellen NicDhòmhnaill, Shona Nic a' Mhaoilein agus luchd-teagaisg 5 Latha Iain is Norrie.

Thuirtear Manaidsear Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal, Calum Ailig MacMhaolain, "Tha sinn air leth toilichte le mar a chaidh le 5 Latha a-rithist am-bliadhna. Fhuair com-pàirtichean cothrom measgachadh de chur-seachadan inntinneach, tarraingeach fheuchainn a bha uile air an libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig. Tha sinn gu mòr an cuimhn dhaoina a bha a' stiùireadh nan tachartasan againn 's thug iad cothrom mìorbhaileach dha na com-pàirtichean eòlas math, farsaing fhaighinn air a bhith an sàs ann an gnìomhan traidiseanta."

Now in its second year, 5 Latha 2013 was held at the Gearrannan Blackhouses on the west side of Lewis between 8 and 13 April. There was great demand for places this year with 17 participants taking part in the event. Amongst the activities enjoyed by the participants were crofting, peat cutting, fishing, cooking and learning about the Harris Tweed industry. They also learned music and songs from Iain MacFarlane and Norrie Maciver.

A great time was had by all and plans are now underway for 5 Latha 2014!

CÒRR IS 160 CÈILIDH TRO NA CÈILIDHEAN AIR CHUAIRT



Tha làithean-saora an t-samhraidh air faire 's tha na Cèilidhean air Chuairt trang ag ullachadh airson sreathan de chonsairtean a chuireas iad a' cur air dòigh anns na sgìrean aca tron Iuchar is an Lùnastal.

Tòisichidh na diofar Chèilidhean air Chuairt le seachdain trànaidh aig Fèis Alba sa Phloc air a' chiad chola-deug den Iuchar, far am faigh iad teagasg ann an ullachadh piosan ciùil, òrain, uidheamachd agus cluich airson dannsa.

Bithear a' cur cèilidh air dòigh aig Àrd Sgoil a' Phluic air Diardaoin 4 Iuchar aig 7.30f le tiogaidean aig an doras. Bidh cuid den luchd-ciùil òg cruinn còmhla ri com-pàirtichean Sgoil Shamhraidh Dràma airson taisbeanadh aig Sabhal Mòr Ostaig Diardaoin 10 Iuchar aig 7.30f.

Seven Fèis Ceilidh Trail groups are making ready to take to the road this summer with over 160 concerts and ceilidhs taking place right across the country over July and August.

The groups begin with spending a week at Plockton for Fèis Alba where they will arrange and rehearse their material before taking their music and song out into their own areas.

There will be a special event at Loch Lomond Shores this year with top Gaelic singer, Karen Matheson of Capercaillie, having agreed to take part in a concert with Cèilidh Trails from Stirling and Lochaber.

Information about the local Cèilidh Trails and tour listings at www.feisean.org/ceilidh

TAIC LE MÒDAN IONADAIL

Rinn Dougie Beck obair ann an dà sgoil ann an Loch Abar is iad ag ullachadh airson Mòdan ionadail na sgìre – Mòd Loch Abar is Mòd Àird nam Murchan. Thadhail Dougie dà thuras air Bun-sgoil Shròn an t-Sithein agus aon trup air Bun-sgoil Bhanbhaidh, agus abair gun robh e air a dhòigh le Gàidhlig na cloinne.

"Chan e seinneadair a th' annam idir," thuirtear Dougie, "ach chaidh mi ann airson taic a thoirt seachad a thaobh fuaimneachadh is a leithid. Bha na sgoiltean iad fhèin air tòrr obair a dhèanamh mar-thà, agus ann am Banbhaidh bhathas cuideachd air taic fhaighinn bho Riona Whyte is Sarah Shutharlanach. Tha na sgoiltean seo a' dèanamh tòrr a thaobh na Gàidhlig, agus bidh a' chlann a' togail fhaclan is abairtean gu math sgiobalta. Abair gun robh an guthan binn cuideachd!"

SEACHDAIN DHÙN ÈIDEANN

Chuir Dougie Beck seachad seachdain ag obair ann an Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba sa Ghiblean mar phàirt de Sheachdain Dhùn Èideann aig Comunn nam Pàrant. Thug e faisg air 200 sgoilear, a thàinig a Dhùn Èideann às gach ceàrnaidh den dùthaich, cuairt timcheall an Taigh-tasgaidh, 's e a' sealltainn dhaibh cuid de na rudan a b' inntinniche a tha ri fhaicinn ann. Tha tòrr air atharrachadh san Taigh-tasgaidh bho rinn sinn obair ann mu dheireadh; chaidh ath-nuadhachadh a dhèanamh o chionn bliadhna no dhà, agus tha an cruinneachadh a-nise nas tarraingiche na bha e riamh.

TACHARTASAN SAN IUCHAR 2013

Na caillibh iad!

- 04 Iuchar – Cèilidh – 7.30f – Àrd Sgoil a' Phluic
 - 06 Iuchar – Dealbhan Cluiche – 7.30f – Àros, Port Rìgh
 - 10 Iuchar – Cuirm le Dràma agus Ceòl – 7.30f – Talla Dhonaidh Chaimbeil, Slèite
 - 21 Iuchar – Rèis na Fèise – Fèis Tir a' Mhurain - www.ceol-uibhist.co.uk
 - 17 Iuchar – Karen Matheson/Fèis Fhoirt & Fèis Lochabair – 7.30f – Talla-Cluiche Cladaich Loch Laomainn
 - Cèilidhean Air Chuairt – Air feadh an àite – www.feisean.org/ceilidh
- Cumaibh sùil air duilleag Facebook Fèisean nan Gàidheal airson tuilleadh thachartasan fad an t-samhraidh.

TRADITIONAL SONG COLLECTING PROJECT

A successful application to the Heritage Lottery Fund Young Roots programme will allow Fèisean nan Gàidheal, in partnership with Tobar an Dualchais, to offer an opportunity to young people aged 16 -24 to engage with their local song culture in a collection and recording project over two years.

Many types of song exist in Gaelic and there are songs still unpublished and unrecognised in local communities. The stories and context of these songs may not be widely known and this project will help to uncover these hidden songs and further our knowledge of the history of previously collected songs. The research will be undertaken through oral history collection techniques and desk research through the Tobar an Dualchais archives. A selection of the songs will be re-recorded and made available for use by other singers.

Young people interested in traditional Gaelic songs are invited to apply to Fèisean nan Gàidheal for places on the programme, which are limited. The young participants will receive training in necessary skills provided by Fèisean nan Gàidheal and Tobar an Dualchais. Assistance with costs will be available and the project will also formally recognise volunteer effort, with a certificate of course completion awarded to successful participants.

Contact Iona MacDonald on 01478 614001 or iona@feisean.org if you would like to find out more or register an interest in taking part.

MEANBH-FHÈIS AIG BUN-SGOIL CHAILEANACH

Chaidh meanbh-fhèis a chumail aig Bun-sgoil Chaileanach ann an Glaschu san Ògmhios. Fhuair na clasaichean sgoile gu lèir an cothrom seinn, fideag agus drumaichean fheuchainn air an latha.

Tha an sgoil air cliù a chosnadh dhaibh fhèin airson an obair a thathar a dhèanamh airson Gàidhlig ionnsachadh. Chaidh seo a dhearbhadh bho chionn goirid nuair a bhuannaich an sgoil duais aig Duaisean Foghlaim na h-Alba mar chomharra air na h-oidhirpean aca Gàidhlig agus cultar a bhrosnachadh.

Thàinig a' mheanbh-fhèis gu crìoch leis a' chloinn a' taisbeanadh na bha iad air ionnsachadh air an latha agus fhuair na bha an làthair puirt is òrain bhon luchd-teagaisg cuideachd. Chòrd a' chùis gu mòr ris na sgoilearan 's iad a faighneachd cuin a bhios an ath thè ann.

In June, a Mini-fhèis was held in Caledonia Primary school in Glasgow. Pupils had the opportunity to learn some Gaelic songs, try the whistle and also play the drums.

The school promotes Gaelic and teachers and pupils have made great efforts to learn the language. This has recently been recognised when the school was awarded a prize at the Scottish Education awards for their efforts in promoting Gaelic language and culture.

SANDBANK PRIMARY



Ghabh Bun-sgoil Thaigh a' Chladaich pàirt ann am Fèis Fhilm Dhùn Omhain, a chaidh a cumail airson a' chiad uair am-bliadhna. Bha iad an sàs ann an sgrìobhadh, filmadh is a' stiùireadh film goirid èibhinn mu na bhios a' tachairt mura coimhead thu às dèidh d' fhiacian! Chaidh am film a shealltainn mar phàirt de thaisbeanadh de sheachd filmichean.

Chòrd e na b' fheàrr ris an luchd-èisteachd na film sam bith eile am feasgar ud, agus ged nach robh fo-thiotalan ann, bha e follaiseach cò mu dheidhinn a bha am film beag èibhinn a bha seo. A rèir coltais, bha cuid de na cleasaichean airidh air BAFTA!

Sandbank Primary school GM took part in the first ever Dunoon Film Festival. They wrote, filmed and produced a humorous short film about what happens when you don't look after your teeth!

The audience loved it and there were some performances well worthy of a BAFTA!

AGM & CONFERENCE 2013

Bidh Coinneamh Bhliadhnail Fèisean nan Gàidheal air a cumail aig an sgoil ùir Ghàidhlig, Bun-sgoil Taobh na Pàirce, ann an Dùn Èideann air Dihaoine 27 Sultain 2013. Tha sinn toilichte gum bi cothrom aig muinntir nam Fèisean an goireas ùr seo fhaicinn.

Bidh Co-labhairt air a cumail ann an Taigh Òsta Malmaison, Dùn Èideann Disathairne 28 Sultain. Tha dùil gum bith sluaigh gu math mòr an làthair bho Fèisean air feadh na dùthcha. Thig muinntir nam Fèisean còmhla airson iomradh fhaighinn air a' bhliadhna a dh'fhalbh. Bidh ceòl agus òrain ann bho òigridh Fèis Dhùn Èideann agus dinnear le dannsa às a dèidh.

The Annual General Meeting of Fèisean nan Gàidheal will be held on Friday 27 September 2013 in Bun-sgoil Taobh na Pàirce, the new Gàidhlig School in Edinburgh, due to open in August.

The Conference will be held in The Malmaison Hotel, Edinburgh on Saturday 28 September 2013 with a mix of presentations and workshops.

It is expected that many representatives from all the Fèisean across Scotland will be in attendance. There will be a cèilidh following the dinner on Friday night and youngsters from Fèis Dhùn Èideann will perform at the event.



Obair a' leantainn aig Bun-sgoil Taobh na Pàirce

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhìl
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ
Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org